



# Gille Ruadh

agus  
na h-ùbhlan



Nicola Moon • Kay Widdowson

# Gille Ruadh agus na h-ùbhlán




An teaca Nicola Moon  
Dealbhan Kay Widdowson  
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



'S e luch bheag a bh' ann an Gille Ruadh.  
'S e eun mòr dubh a bh' ann an Sgiathag.  
Aon là chaidh Gille Ruadh agus Sgiathag  
a choimhead airson biadh.





“Tha mise a’ faicinn ùbhlan mòra,”  
thuirt Gille Ruadh.

“An toil leat ùbhlan?” thuirt Sgiathag.

“Is toil,” thuirt Gille Ruadh.



“Gheibh mise an t-ubhal mòr dearg,”  
thuirt Sgiathag.  
Leum i suas,  
ach bha an t-ubhal ro throm.





“Gheibh mise an t-ubhal,”  
thuirt Gille Ruadh.  
Leum e suas,  
ach bha an t-ubhal ro throm.



“Haoi, haoi,” thuir Sgiathag.

“O, mo chreach!” thuir Gille Ruadh.

Thuit na h-ùbhlán far a’ bhùird.

Thuit iad chun an làir.





Roilig na h-ùbhlán sìos an rathad.

Ruith Gille Ruadh agus Sgiathag sìos an rathad.





“Stad! Stad!” dh’èigh iad.

“Tha sinne ag iarraidh ùbhlán.”



“An stad thusa na h-ùbhlan?”  
thuirt Gille Ruadh.

“Stadaidh,” thuirt Sgiathag.





Chaidh Sgiathag sìos an rathad.

“Nach stad sibh!” dh’èigh i.

“Tha sinne ag iarraidh ùbhlán.”



Thàinig Sgiathag sìos air an rathad.

Sgaoil Sgiathag a sgiathan.

“Stadaidh mi na h-ùbhlan,” thuirt i.





Ruith Gille Ruadh sìos an rathad.

Bha na h-ùbhlan aig Sgiathag.

“A-nis ithidh sinn agus ithidh sinn,”  
thuirt Gille Ruadh.

Agus dh’ith iad na h-ùbhlan air fad.